

A bhith nad fhi anais

LEABHRAN AIRSON DAOINE ÒGA
ANN AN IMEACHDAN EUCORACH

A bhith nad fhi anais

LEABHRAN AIRSON DAOINE ÒGA
ANN AN IMEACHDAN EUCORACH

Taing shònraichte don chloinn ann am Bun-sgoil Albert ann an Springburn agus Bun-sgoil Ghleann Dail ann am Pollokshields.

Dealbhan le Eleanor Meredith,
Colaiste Ealain agus Dealbh Donnchadh Iordanstone, Oilthigh Dhundè

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Astron B41391 06/05
Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Òg-mhìos, 2005

Tha 100% den sgrìobhainn seo air a chlà-bhualadh air pàipear ath-chuartaichte agus gabhar ath-chleachdadh 100%

clàr- innse

- 01 ro-ràdh
- 02 dè a tha ann am fianais?
- 04 ciamar a tha thu a' faireachdainn mu bhith nad fhianais?
- 06 cò a dh'fhaodas do chuideachadh?
- 08 dè a thachras mus tig thu gu cùirt?
- 09 a' chùirt
- 10 cò a tha anns an t-seòmar-cùirte agus dè an obair a tha aca?
- 12 a' chùis-lagha – na dh'fheumas tu a dhèanamh
- 14 ag innse na tha fios agad don chùirt
- 16 a' comharrachadh cuideigin anns an t-seòmar-cùirte
- 17 ceumannan sònraichte gus do chuideachadh le fianais a thoirt seachad
- 18 a' cleachdadh ceangal telebhisean
- 20 a' cleachdadh scrion
- 22 a' cleachdadh neach-taice
- 23 ceumannan sònraichte eile gus do chuideachadh le fianais a thoirt seachad
- 24 a' taghadh ceum sònraichte
- 25 a' tadhal air a' chùirt
- 26 a' feitheamh ri bhith nad fhianais
- 27 dè a thachras as dèidh dhut do chuid fianais a thoirt seachad?
- 28 cuimhnich gum faighnich thu airson cuideachadh
- 30 ceistean?
- 31 a bheil ceistean sam bith eile agad?
- 32 beag-fhaclair – dè a tha na faclan seo a' ciallachadh?

ro- ràdh

Chaidh an leabhran seo a thoirt dhut a chionn is gu bheil thu gu bhith nad fhianais ann an cùis lagha.

Is dòcha gu bheil thu air litir fhaighinn mu dheidhinn seo.

Tha cuid de dhaoine draghail gun tèid iarraidh orra a bhith nam fianaisean.

Chan eil fios aig cuid de dhaoine dè a tha e a' ciallachadh a bhith nad fhianais.

Innsidh an leabhran seo barrachd dhut mu dheidhinn a bhith nad fhianais agus feuchaidh e ri feadhainn de na ceistean cudromach a fhreagairt.

Tha cùirtean gu math tric a' cleachdadh faclan nach eil thu 's dòcha air a chluinntinn roimhe. Gus do chuideachadh le bhith a' tuigsinn, tha liosta de chuid de na faclan a thathar a' cleachdadh aig cùl an leabhraìn seo.

dè a tha ann am fianais?

Is e a tha ann am fianais ach cuideigin aig a bheil fios 's dòcha air rudeigin cudromach.

Ma dh'fhaodte gu bheil thusa air rudeigin fhaicinn no a chluinntinn mu dheidhinn eucoir no 's dòcha gu bheil thu air eucoir fhulang.

Is dòcha gu bheil thu air bruidhinn ris a' phoileas no neach-lagha, agus air na tha fios agad innse dhaibh. Is e a' dhèanamh aithris a theirear ris an-seo.

As dèidh don phoileas a h-uile dad a rannsachadh, ma dh'fhaodte gu bheil iad air aithisg a chur gu neach-casaid a' chrùin. Is e neach-lagha a tha ann an neach-casaid a' chrùin agus 's e an obair aige co-dhùnadh co dhiubh a bu chòir do chùis a dhol gu cùirt.

A-nise is dòcha gum feum thu na tha fios agad innse don chùirt. Is e an 'fhianais' agad a theirear ris a seo.

Aon uair 's gu bheil thusa agus fianaisean sam bith eile air an fhianais aca a thoirt seachad, faodar co-dhùnadh a ghabhail co dhiubh a tha cuideigin air eucoir a dhèanamh (no an lagh a bhriseadh).

Chan urrainn don chùirt co-dhùnadh a dhèanamh ach le cuideachadh fiosrachaidh bho fhianaisean coltach riutsa.

ciamar a tha thu a’ faireachdainn mu dheidhinn a bhith nad fhianais?

Tha tòrr dhaoine nam fianaisean, mar sin chan fheum thu a bhith a’ faireachdainn gu bheil thu leat fhèin.

Tha e fìor chudromach a bhith nad fhianais. Tha e mu dheidhinn a bhith ag innse na firinn.

Tha cuid de dhaoine nach aithne cus mu dheidhinn a bhith nad fhianais no mu bhith a’ dol gu cùirt. Na gabh dragh. Tha mòran rudan ann a dh’fhaodar a dhèanamh airson do chuideachadh.

Bidh thu air litir no sumanadh oifigeil fhaighinn, a bheir dhut ceann-latha agus àm an uair a tha feum ort mar fhianais.

Bu chòir dhut innse don neach-lagha cho luath ’s as urrainn dhut, ma tha adhbhar cudromach ann carson a dh’fhaodadh an ceann-latha sin a bhith duilich dhut, mar eisimpleir, ma tha thu a’ suidhe deuchainn san sgoil.

Seo cuid de na rudan a tha daoine òga eile air faighneachd mu dheidhinn.

Dè a thachras aig cùirt?

Cò a bhios aig a' chùirt?

Am feum mi duine sam bith fhaicinn a tha a' cur eagal orm?

Am bi mi sàbhailte?

Am bi mi leam fhèin?

A bheil mi air rudeigin a dhèanamh ceàrr?

Dè a chanas mi anns an sgoil no ri caraidean?

Cò a dh'fhaodas mo chuideachadh an uair a tha mi nam fhianais?

Cuidichidh am fiosrachadh anns an leabhran seo na ceistean sin a fhreagairt.

cò a dh' fhaodas do chuideachadh?

Tha mòran dhaoine ann a dh'fhaodas do chuideachadh.

Uaireannan faodaidh e a bhith na chuideachadh bruidhinn ri do charaidean, ach mura bheil thu airson seo a dhèanamh, ma dh'fhaodte gum biodh e na b'fhasa dhut bruidhinn ri cuideigin anns an teaghlach agad no ri cuideigin aig an sgoil agad.

Seo feadhainn de na daoine air a bheil e mar dhleastanas do chuideachadh:

Tha luchd-obrach saor-thoileach aig **Taic Luchd-fulaing** a dh'fhaodas cuideachadh a thoirt do luchd-fulaing eucoir agus uaireannan cuideachd cuid de dh' fhianaisean, fiù's mura bheil cùis lagha ann.

Is e a tha ann an **neach-obrach sòisealta** ach cuideigin a tha ag obair le daoine a tha feumach air barrachd cuideachaidh. Èistidh iad riut agus feuchaidh iad ris na ceistean agad a fhreagairt.

Gu math tric faodaidh **am poileas** do chuideachadh le bhith a' faighinn a-mach dè a tha a' tachairt, agus feuchaidh iad cuideachd ris na ceistean agad a fhreagairt.

Faodaidh **neach-casaid a' chrùin** do chuideachadh cuideachd. Ma dh'fhaodte gu bheil thu air bruidhinn riutha an uair a dh'fhaighnich iad ceistean dhut mu dheidhinn an fhianais agad. Innsidh iad dhut mu dheidhinn a' chuis lagha agus mìnichidh iad na thachras.

Tha **FCLF** na sheirbheis airson cuid de dh'fhianaisean. Tha FCLF a' ciallachadh **Fiosrachadh agus Comhairle Luchd-fulaing** agus tha daoine bho FCLF ag obair còmhla ri neach-casaid a' chrùin gus fiosrachadh agus comhairle a thairgsinn don chuid as motha de dhaoine a tha nam fianaisean. Is dòcha gur e cuideigin bho FCLF a chuir thugad an leabhran seo. Bidh iad cuideachd air beagan bhileagan a chur thugad mu dheidhinn na cùirte agus feuchaidh iad an-còmhnaidh ris na ceistean agad a fhreagairt mu dheidhinn na tha a' tachairt.

Is dòcha gu bheil **neach-lagha** air iarraidh ort a bhith nad fhianais. Bu chòir dhut iarraidh orra do chuideachadh.

Faodaidh **Seirbheis an Fhianais** do chuideachadh cuideachd. Tha Seirbheis Fhianais aig gach cùirt siorraidh agus àrd chùirt. Tha na daoine aig Seirbheis an Fhianais ann airson cuideachadh agus taic a thoirt do dh'fhianaisean uile agus na teaghlachan aca. Is dòcha gu bheil thu air bruidhinn riutha air a' fòn no air coinneachadh riutha ma thu air tadhal air a' chùirt.

dè a thachras mus tig thu gu cùirt?

Is dòcha gum bi neach-casaid a' chrùin no neach-lagha airson ceistean a chur ort. 'S e 'ro-fhiosrachadh' a theirear ris a seo agus tha e gan cuideachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air an fhianais gu lèir agus a' chùis a dheasachadh airson na cùirte.

Cuiridh iad thugad litir a' faighneachd cuin a bu toil leotha thu a thighinn a choinneachadh riutha. Faodaidh tu inbheach a thoirt leat airson companas agus taic. Faighnich do neach-casaid a' chruin a bheil e ceart gu leòr don neach seo suidhe ri do thaobh tron choinneimh.

Ma dh'fhaodte gum bi luchd-lagha eile airson bruidhinn riut cuideachd agus bu chòir dhut smaointinn mu dheidhinn càit' a b' fheàrr leat coinneachadh riutha. Is fheàrr le cuid de chloinn òga ma thig an luchd-lagha chun na dachaigh aca; 's fheàrr le feadhainn òga eile am faicinn ann an oifis. Faodaidh tusa co-dhùnadh a dhèanamh mu dheidhinn seo. Faodaidh tu cuideachd àm a mholadh mar as fheàrr a fhreagras ort fhèin. A-rithist, tha e ceart gu leòr cuideigin a bhith agad airson suidhe ri do thaobh, fhad's nach e fianais a tha annta cuideachd.

An uair a tha neach-casaid a' chrùin no luchd-lagha eile a' cur cheistean ort, bu chòir dhut an fhìrinn innse an-còmhnaidh.

As dèidh dhut an leabhran seo a leughadh ma dh'fhaodte gum bi cuid de cheistean agad fhathast. Feuchaidh neach-casaid a' chrùin no an neach-lagha rim freagairt dhut.

a' chùirt

Tha cùirtean air feadh Alba agus tha iad a' dèiligeadh ri diofar sheòrsachan cùise. Tha na cùirtean eucorach a' dèiligeadh ri cùisean far a bheil cuideigin fo chasaid gu bheil iad air an lagh a bhriseadh.

Is e am britheamh an neach a tha os cionn na cùirte. Ann an cuid de chùirtean, theirear 'siorraidhean' air britheamhan cuideachd.

Nì iadsan cinnteach gu bheil na fianaisean gu lèir, fianaisean òga nam measg, comasach air na tha fios aca innse don chùirt. Èistidh am britheamh ris an fhianais agad agus mar as trice nì e/i an co-dhùnadh deireannach mu co dhiubh a chaidh an lagh a bhriseadh agus an ath rud a bu chòir tachairt.

Is e togalaichean le barrachd air aon seòmar-cùirte nam broinn a tha anns a' chuid as motha de chùirtean.

cò a tha anns an t-seòmar-cùirte agus dè an obair a tha aca?

Tha am britheamh no an siorraidh an-còmhnaidh sa chùirt. Is e a' phàirt as cudromaiche dhen obair aca dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile dad air a dhèanamh gu cothromach agus gu bheilear a cumail ri riaghailtean na cùirte.

Neach-casaid a' chrùin no neach-lagha: Seo na daoine a bhios a' faighneachd nan ceistean gus an tèid aig na fianaisean air an fhianais aca a thoirt seachad. Faodaidh iad cuideachd fianais eile a shealltainn don chùirt, leithid dealbhan.

An clàrca: Tha uallach air an neach seo air pàipearan agus clàran na cùirte.

Oifigear na cùirte (uaireannan theirear macer ris): Tha uallach air an neach seo airson cuideachadh a thoirt don t-siorraidh agus daoine eile anns a' chùirt. Leigidh oifigear na cùirte fhaicinn do dh'fhianaisean cuideachd cuin a tha an t-àm acasan an cuid fianais a thoirt seachad.

An diùraidh: Ann an cuid de chùisean, 's e an diùraidh a nì co-dhùnadh co dhiubh a chaidh an lagh a bhriseadh. Tha 15 neach air diùraidh agus cha bhi fios aca air dad mu dheidhinn na cùise mus tòisich e. Èistidh iad ris an fhianais agus nì iad co-dhùnadh ma chaidh an lagh a bhriseadh.

An neach a tha fo chasaid: Seo an neach a tha fo chasaid gun do bhris iad an lagh. Bidh e no i an-còmhnaidh anns an t-seòmar-cùirte agus thèid aca air a h-uile dad fhaicinn agus a chluinntinn.

Am poball: Mar as trice tha cùirtean fosgailte don phoball, mar sin 's dòcha gum bi daoine nan suidhe aig cùl an t-seòmair-cùirte ag èisteachd ris na fianaisean agus an luchd-lagha.

Poileis cùirte no oifigearan teàranteachd: Bidh iadsan an làthair gus dèanamh cinnteach gu bheil na fianaisean, luchd-obrach na cùirte agus am poball modhail agus sàbhailte.

a' chùis-lagha – na dh'fheumas tu a dhèanamh

Ma tha an neach a tha fo chasaid gun do rinn iad eucoir ag ràdh gu bheil iad ciontach, ma dh'fhaodte nach fheum thu a thighinn gu cùirt no ceistean sam bith a fhreagairt no fianais sam bith a thoirt seachad.

Ma tha an neach a tha fo chasaid ag ràdh nach eil iad ciontach, 's dòcha gum bi cùis-lagha ann agus an uairsin is e an obair agadsa na tha fios agad innse don chùirt.

Tha feum aig a' bhrìtheamh air fianaisean an cuid fianais a thoirt seachad gus an tèid aca air dealbh a thogail de na tha air tachairt. As aonais fianaisean cha bhi fios aig a' bhrìtheamh agus uaireannan an diuraidh dè a tha air tachairt agus cha tèid aca air co-dhùnadh ceart a ruighinn aig deireadh na cùise.

Aon ma seach, innsidh na fianaisean don chùirt na thachair no na tha fios aca. Seo an fhianais aca.

Gus do chuideachadh do chuid fianais a thoirt seachad thèid ceistean a chur ort, mar as trice le neach-casaid a' chrùin agus an luchd-lagha. Ma dh'fhaodte gun cuir am brìtheamh ceistean ort cuideachd.

Faodaidh neach-casaid a' chrùin no an luchd-lagha ceistean a chur ort mu rudeigin a dh'fhaodadh a bhith air tachairt dhut no do chuideigin eile. No faodaidh iad faighneachd dhut mu rudeigin a tha thu 's dòcha air fhaicinn no a chluinntinn.

Bu chòir dhut èisteachd gu cùramach agus feuchainn ri freagairt cho cuimseach 's as urrainn dhut a thoirt seachad.

Mar fhianais, is e an obair agadsa na ceistean a fhreagairt gu firinneach agus na tha fios agad innse don chùirt.

Faodaidh cuid de cheistean a bhith duilich am freagairt no 's dòcha gum feumar rùn-dìomhair innse. Tha seo ceart gu leòr. Bu chòir dhut a chuimhneachadh gu bheil a' chùirt gu math tric a' cluinntinn dhaoine a' bruidhinn mu rudan pearsanta agus tuigidh iad mar a tha thu a' faireachdainn. Bu chòir dhut d'ùine a ghabhail agus cumail ag innse na firinn.

Bidh neach-casaid a' chrùin agus an luchd-lagha airson sùil a thoirt air na thuirt thu. Faodaidh iad cuideachd sgrùdadh a dhèanamh air na thuirt thu le bhith a' faighneachd cuid de cheistean a-rithist. 'S e rud àbhaisteach a tha seo. Chan eil ach aon rud air am bu chòir dhut smaointinn agus 's e sin an fhìrinn innse don chùirt.

ag innse na tha fios agad don chùirt

Chan eil fios aig a' bhrìtheamh agus an luchd-lagha dè a thachair. Feumaidh tusa an cuideachadh le bhith ag innse don chùirt na tha fios agad.

Tha cuid de rudan cudromach ann a dh'fhaodas seo a dhèanamh nas fhasa.

- **Èist gu cùramach an-còmhnaidh** ris gach ceist. Freagair a' cheist ach feuch gun a bhith nad chabhaig.
- **Bruidhinn gu soilleir.** Ma tha thu a' bruidhinn gu soilleir thèid aig a' bhrìtheamh air do chluinntinn ceart agus cha bhi aige/aice ri iarraidh ort a h-uile dad a ràdh a-rithist.
- Ann am mòran chùirtean, tha a h-uile rud a tha tachairt air a chlàradh air teip. Is e adhbhar eile a tha seo airson bruidhinn gu soilleir. Tha e cuideachd a' ciallachadh **nach fhaod thu dìreach do cheann a ghnogadh no a chrathadh. Feumaidh tu bruidhinn a-mach gu làidir.**
- **Is e an fhianais agad fhèin a tha anns na tha thu ag innse don chùirt.** Feumaidh a' chùirt cluinntinn bhut anns na faclan agad fhèin. **Cha bu chòir do dhuine sam bith innse dhut dè a bu chòir dhut a ràdh.**

- **Feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn dè a tha gach ceist a' ciallachadh mus freagair thu.** Mura bheil thu a' tuigsinn facal no abairt no pàirt dhen cheist, bu chòir dhut **iarraidh orra a mhìneachadh no a ràdh ann an dòigh eadar-dhealaichte.** Na dèan tuairmse idir. Cum a' faighneachd gus a bheil thu cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn.
- Mura bheil thu cinnteach a thaobh freagairt no nach urrainn dhut rudeigin a chuimhneachadh, dìreach innis don luchd-lagha no don a' bhrìtheamh. **Cha bu chòir dhut feuchainn ri tuairmse a thoirt seachd no freagairt a dhèanamh suas.**
- **Cuimhnich nach fheum thu aontachadh ris a h-uile dad a tha neach-casaid a' chrùin no an luchd-lagha ag ràdh riut** agus nach fheum thu dad a ràdh dìreach airson an toileachadh. Cha bu chòir dhut dad a dhèanamh suas no dad fhàgail a-mach.
- **Is e an fhìrinn innse an obair as cudromaiche a tha agadsa ri dhèanamh. Innis an fhìrinn an-còmhnaidh.**

a' comharrachadh cuideigin anns an t-seòmar-cùirte

Mus tig thu gu cùirt, 's dòcha gun do dh' iarr am poileas ort an neach a dh'innis thu dhaibh mu dheidhinn a shealltainn dhaibh. Ma rinn thu seo, 's dòcha nach tèid iarraidh ort a dhèanamh a-rithist anns a' chùirt.

Ach uaireannan, thèid iarraidh air fianaisean an neach mu bheil iad a' bruidhinn a chomharrachadh anns an t-seòmar-cùirte. Is dòcha gun tèid iarraidh ort coimhead timcheall na cùirte agus innse ma chì thu e no i.

Bu chòir dhut d' ùine a ghabhail agus coimhead gu faiceallach. Ma tha thu a' faicinn an neach bu chòir dhut an comharrachadh. Mura bheil thu a' faicinn an neach, bu chòir dhut sin a ràdh.

Ma tha thu fìor dhraghail mu bhith a' faicinn cuideigin sa chùirt, bu chòir dhut innse do neach-casaid a' chrùn no an neach-lagha no cuideigin eile a dh'fhaodas do chuideachadh.

ceumannan sònraichte gus do chuideachadh le fianais a thoirt seachad

Chan eil e an-còmhnaidh furasta a bhith nad fhianais ann an cùirt, gu sònraichte airson daoine òga. Tuigidh inbhich gura dòcha gu bheil thu draghail. **Tha an lagh a' leigeil leis a' chùirt diofar dhòighean a thairgsinn dhut a chuidicheas tu ann a bhith a' toirt seachad na fianais agad.**

Faighnichidh neach-casaid a' chrùin no an neach-lagha dhut am b' fheàrr leat do chuid fianais a thoirt seachad le:

- **bhith a' cleachdadh scrion anns an t-seòmair-cùirte**
- **bhith a' cleachdadh ceangal telebhisean ann an seòmair eile air taobh a-staigh togalach na cùirte**
- **neach taice a bhith cuide riut an uair a tha thu a' cleachdadh scrion no ceangal telebhisean.**

Faodaidh neach-casaid a' chrùin, an neach-lagha, FCLF, Seirbheis an Fhianais no an neach-obrach sòisealta do chuideachadh le bhith a' mìneachadh nan diofar dhòighean seo dhut. **Is e 'ceumannan sònraichte' a theirear ris na dòighean diofraichte seo.**

a' cleachdadh ceangal telebhi sean

Faodaidh tu a bhith nad fhianais le bhith a' cleachdadh telebhisean sònraichte gun a bhith a' dol a-steach don t-seòmar-cùirte. Faodaidh seo do chuideachadh mura bheil thu cinnteach mu bhith a' dol a-steach do sheòmar-cùirte luma làn dhaoine. **Faodaidh tu an telebhisean seo a chleachdadh airson an fhianais agad a thoirt don chùirt.**

Mar as trice tha seòmar ceangal na telebhisean anns an aon togalach ris a' chùirt. Tha an telebhisean ceangailte ris an t-seòmar-cùirte far a bheil telebhiseanan agus camarathan aig a' bhrìtheamh agus an luchd-lagha cuideachd. An uair a tha iad seo air an tionndadh air, **thèid agad air an neach a tha a' cur nan ceistean ort fhaicinn agus a chluinntinn, ach chan fhaic thu neach sam bith eile. Chì agus cluinnidh a h-uile duine a tha anns an t-seòmar-cùirte thusa.**

Tha smachd aig a' bhrìtheamh air an telebhisean agus na camarathan. Fiù's an uair a tha an luchd-lagha a' bruidhinn riut, tha am brìtheamh gad fhaicinn 's gad chluinntinn an-còmhnaidh a thuilleadh air neach sam bith eile a tha anns an t-seòmar airson taic a thoirt dhut.

Ma roghnaicheas tu an ceangal telebhisean a chleachdadh, seo cuid de na rudan air am bu chòir fios a bhith agad:

- Feumaidh am brìtheamh agus an luchd-lagha fhathast rudan a sgrìobhadh sìos agus uaireannan faodaidh seo a bhith gu math slaodach. Na gabh dragh ma tha beàrnann ann eadar ceistean.
- Uaireannan tionndaidhidh an luchd-lagha air falbh airson bruidhinn ris a' bhrìtheamh no daoine eile anns an t-seòmar-cùirte.
- Uaireannan tionndaidhidh am brìtheamh an camara dheth gus an tèid aca air bruidhinn mu thrioblaid lagha. Tha seo uile gu math àbhaisteach.

Ma mhothaicheas tu trioblaid sam bith leis an telebhisean no na camarathan, bu chòir dhut innse don bhrìtheamh. Mar eisimpleir:

- mura faic thu ach pàirt de aodann no ceann an neach-lagha;
- no mura cluinn thu na ceistean ceart an uair a tha iad a' bruidhinn riut.

Ma tha adhbhar sònraichte ann carson nach urrainn dhut a dhol gu togalach na cùirte, is dòcha gum faod thu ceangal telebhisean ann an seòmair togalach eile air falbh bhon chùirt a chleachdadh. Faodaidh tu faighneachd mu dheidhinn seo.

a' cleachdadh scrion

Is dòcha gun fheàrr le cuid de dhaoine a dhol a-steach don t-seòmar-cùirte airson an cuid fianais a thoirt seachad. Faodaidh tu a bhith nad fhianais a' cleachdadh scrion. Faodaidh seo do chuideachadh ma tha thu draghail mu bhith a' faicinn cuideigin sònraichte anns an t-seòmar-cùirte.

Faodar scrion a chur suas anns an t-seòmar-cùirte gus nach fheum thu coimhead air an neach sin. Tha an scrion mar chùirtear a tha a' 'sgaradh an t-seòmair'.

Chan fhaic thu an neach a tha a' dèanamh dragh dhut, ach bidh thu fhathast air chomas am britheamh, luchd-lagha agus luchd-obrach cùirte eile fhaicnn.

Mar as trice tha an scrion air a chleachdadh còmhla ri camara gus an tèid aig an neach air taobh eile na scrion air d' fhaicinn.

a' cleachdadh neach-taice

Faodaidh 'neach-taice' a bhith agad cuideachd a thuilleadh air an scrion no ceangal telebhisean. Tha cuid de dhaoine òga ga fhaighinn cuideachail neach-taic inbheach a bhith aca gus suidhe còmhla riutha fad an t-siubhail sa chùirt, anns an t-seòmair-cùirte no anns an t-seòmair ceangail telebhisean.

Faighnichidh a' chùirt dhut a bheil thu ag iarraidh seo, agus bu chòir dhut smaointinn cò an neach a b' fheàrr airson suidhe còmhla riut. Dh'fhaodadh gur e cuideigin bhon t-Seirbheis Fhianais a bhiodh agad mar neach-taice, cuideigin bho bhuidheann taice eile, neach-teagaisg, neach-obrach sòisealta no cuideigin a tha càirdeach dhut.

Mura bheil thu ag iarraidh scrion no ceangal telebhisean, faodaidh tu fhathast faighneachd mu neach-taice a bhith agad sa chùirt còmhla riut.

ceumannan sònraichte eile gus do chuideachadh le fianais a thoirt seachad

Aithrisean Ro-làimh

Is dòcha gun deach bhideo no clàradh teip a dhèanamh an uair a bhruidhinn thu ris na poileis no an luchd-lagha. Ma dh'fhaodte gun do ghabh na poileis notaichean de na thuirt thu. Is e aithrisean ro-làimh a theirear riutha seo uile.

Faodar a' bhideo no an teip a chluich don luchd-lagha agus na daoine eile anns a' chùirt no faodar na notaichean a leughadh a-mach.

Ma thachras sin, 's dòcha gun tèid iarraidh oirbh coimhead agus èisteachd. An uairsin faodar ceistean a chur ort mu na thuirt thu.

Fianais air choimisean

Bho Samhain 2005, ann an cuid de chùisean, faodaidh neach-casaid a' chrùin no an neach-lagha cuideachd co-dhùnadh leigeil leat do chuid fianais a thoirt seachd mus tòisich an còrr den chùis lagha. Faodaidh seo a bhith cuideachail ma tha dàil gu bhith air a' chùis lagha airson ùine mhòr. Ma tha iad airson seo a dhèanamh bruidhnidh iad ribh agus mìnichidh iad dè a tha e a' ciallachadh agus mar a dh'fhaodas e do chuideachadh.

Rudan eile a dh'fhaodas do chuideachadh

Mar as trice bidh faraghuag agus gùna air cuid de na daoine anns a' chùirt air uachdar nan aodaichean àbhaisteach aca. An uair a tha neach òg na fhianais, faodar iarraidh air a' bhrìtheamh agus an luchd-lagha iad seo fhagail dhiubh. Mura bheil thu airson 's gun cuir iad orra na faraghuagan agus na gùnaichean aca, innis do chuideigin.

Mar as trice tha na cùirtean fosgailte don phoball gu lèir, ach uaireannan iarraidh am brìtheamh air a' phoball a' chùirt fhagail fhad's a tha thu a' toirt seachad an fhianais agad. Bu chòir dhut faighneachd do neach-casaid a' chrùin no neach-lagha mu dheidhinn seo.

a' taghadh ceum sònraichte

Feumar innse don chùirt de na ceumannan sònraichte as fheàrr leat a chleachdadh mus tig thu a thoirt seachad do chuid fianais.

Tha e fìor chudromach gun leig thu fhaicinn do neach-casaid a' chrùin no an neach-lagha dè a tha thu a' smaointinn mu dheidhinn a bhith nad fhianais agus dè na rudan mun am faodadh tu a bhith draghail.

Bidh iadsan an uairsin air chomas do chuideachadh gus co-dhùnadh a ruighinn mu na ceumannan sònraichte as fheàrr dhutsa. Is dòcha gu bheil beachd agad mar-thà mu dheidhinn nan ceumannan a bhiodh tu airson a chleachdadh dìreach bho bhith a' leughadh an leabhrain seo.

Is dòcha gu bheil thu toilichte a bhith nad fhianais as aonais taic a bharrachd sam bith. Is dòcha nach eil thu ag iarraidh an ceangal telebhisean no an scrion.

Bu chòir dhut smaointinn gu math faiceallach mu dheidhinn seo agus barrachd fiosrachaidh iarraidh gus do chuideachadh làn thuigse fhaighinn air cò ris a bhios e coltach.

Cuimhnich gum bi a' chùirt a' suileachadh gum bi cuideachadh air choireigin aig daoine òga uile.

Mar a tha ceann-latha na cùirte a' tighinn nas fhaisge, is dòcha gun co-dhùn thu gum b' fheàrr leat dòigh eile air fianais a thoirt seachad. Innis do neach-casaid a' chrùin, FCLF no an neach-lagha agus bruidhnidh iadsan mu dè a ghabhas dèanamh.

a' tadhal air a' chùirt

Is dòcha nach robh thu ann an cùirt riamh roimhe.

Tha a' chuid as motha de dhaoine òga a' faireachdainn nas fheàrr mu bhith nam fianaisean ma tha fios aca dè a tha romhpa agus ma tha iad air tadhal air a' chùirt ro-làimh.

Is e fìor dheagh bheachd a tha seo. Faodaidh tu coimhead timcheall, coinneachadh ri cuid de luchd-obrach na cùirte agus ma thogras tu, faodaidh tu feuchainn air an scrion no an ceangal telebhisean a chleachdadh. Ma tha thu a' dol a thoirt seachad do chuid fianais bho àite eile bu chòir dhut a chur air dòigh tadhal an sin an àite a dhol don t-seòmar-cùirte.

Cuiridh FCLF cuairt cùirte air dòigh dhut no faodaidh tu faighneachd don neach-lagha. Bidh Seirbheis an Fhianais an làthair gus do shealltainn mun cuairt agus na ceistean agad a fhreagairt.

Is dòcha gum faod thu cuideachd sùil a thoirt timcheall seòmar-cùirte 'mas fhìor' air CD-ROM.

a' feitheamh ri bhith nad fianais

Is e àiteachan trang a tha ann an cùirtean agus tha feum air tòrr planaigh agus deasachaidh mus bi a h-uile dad deiseil airson tòiseachadh. Ma tha e air ùine mhòr a thoirt ceann-latha fhaighinn, 's dòcha gu bheil thu a' faireachdainn beagan sgìth mar-thà. Ma tha thu a' faireachdainn mar seo, innis do neach-casaid a' chrùin, neach-lagha, FCLF no cuideigin aig Seirbheis an Fhianais no an neach-obrach sòisealta agad, ma tha fear agad.

Uaireannan is dòcha gun tèid innse dhut gu bheil an ceann-latha air atharrachadh no gu bheil thu air tòiseachadh air do chuid fianais a thoirt seachad agus gun tèid innis dhut gum feum thu tilleadh air ais airson crìochnachadh latha air choireigin eile.

Is dòcha gum feum thu feitheamh greis mus tèid iarraidh ort fianais a thoirt seachad. Feuchaidh neach-casaid a' chruin no an neach-lagha ri dèanamh cinnteach nach fheum thu feitheamh ro fhada, ach **tha e na dheagh bheachd rudeigin a thoirt leat a chuidicheas tu gus an ùine a chur seachad.** Tha beagan leabhraichean agus magasains anns a' chuid as motha de chùirtean ach tha e nas fheàrr an fheadhainn as fheàrr leat fhèin a thoirt leat. **Ann an cuid de chùirtean, 's dòcha gun tèid agad air rudan a cheannach ri ithe agus ri òl agus bu chòir dhut faighneachd mu dheidhinn seo mus fhalbh thu.** A-mach bhuaithe sin tha e ceart gu leòr rudeigin a thoirt leat.

dè a thachras as dèidh dhut an fhianais agad a thoirt seachad?

As dèidh don bhrìtheamh, neach-casaid a' chrùin agus luchd-lagha sam bith eile na ceistean aca fhaighneachd, innsidh am brìtheamh dhut cuin a tha thu deiseil a bhith nad fhianais.

Bidh thu air obair fìor chudromach a dhèanamh.

Meal do naidheachd agus tapadh leat.

Is dòcha nach bi e comasach don bhrìtheamh co-dhùnadh a dhèanamh sa bhad a chionn 's gum faod fianaisean eile a bhith ann. Faodaidh cuid de chùisean grunn làithean no barrachd a thoirt mus crìochnaich iad.

Ma tha am brìtheamh no an diùraidh làn chinnteach gu bheil an neach a tha fo chasaid air an lagh a bhriseadh, co-dhùinidh iad gu bheil e no i ciontach. Feumaidh am brìtheamh co-dhùnadh a dhèanamh mu pheanas sam bith.

Mura bheil am brìtheamh no an diùraidh làn chinnteach gu bheil cuideigin air an lagh a bhriseadh, canaidh iad nach eil e no i ciontach no nach deach a' chùis a dhearbhadh. Innsidh am brìtheamh an uairsin don neach a tha fo chasaid gu bheil e no i saor airson falbh.

Innsidh cuideigin dhut dè a tha a' chùirt air a cho-dhùnadh. Mura bheil thu cinnteach mun bhinn no mura bheil thu buileach ga thuigsinn, bu chòir dhut bruidhinn ris an FCLF no neach-casaid a' chrùin no neach-lagha agus iarraidh orrasan a mhìneachadh dhut.

Ge-bith dè a' bhinn, cuimhnich gun robh an obair agadsa mar fhianais mar phàirt chudromach dhen chùis.

cùimhnichean faighneachd airson cuideachadh

Mus tòisich a' chuis bu chòir dhut faighneachd do neach-casaid a' chrùin, FCLF, Seirbheis an Fhianais no an neach-lagha mu rud sam bith mu nach eil thu cinnteach.

Bu chòir dhut innse dhaibh an-còmhnaidh mu dheidhinn rud a tha a' dèanamh dragh dhut. Bruidhinn riutha mu na tha thu a' faireachdainn.

Bu chòir dhut dèanamh cinnteach gum faigh thu cothrom tadhal air an t-seòmar-cùirte no seòmar ceangal telebhisean sam bith.

Bu chòir dhut smaointinn mu dheidhinn:

- **Dè na ceumannan sònraichte a b'fheàrr leat a chleachdadh**
- **Dè a tha thu airson a thoirt leat**
- **Cò a bhios a' dol còmhla riut**
- **Cò an neach-taice a bhios agad**
- **Dè an cuideachadh eile a dh'fheumas tu**

An uair a thu a' toirt seachad an fhianais agad, bu chòir dhut faighneachd dha na daoine sa chùirt mu rud sam bith leis a bheil thu a' feumachdainn cuideachadh.

Bu chòir dhut an-còmhnaidh innse do na daoine sa chùirt:

- **mura bheil thu a' tuigsinn rudeigin**
- **ma tha thu feumach air neapraig no deoch uisge**
- **ma tha thu a' tòiseachadh air faireachdainn tinn no sgìth**

Feuchaidh a h-uile duine ri do chuideachadh cho math 's as urrainn dhaibh.

ceistean?

Is dòcha gum bi e na chuideachadh dhut ceistean sam bith a tha agad a thaobh a bhith nad fhianais a sgrìobhadh sìos, gus an tèid agad air an sealltainn do neach-casaid a' chrùin, FCLF no an neach-lagha no an neach a tha gad shealltainn timcheall na cùirte.

Seo cuid de rudan airson smaointinn mu dheidhinn agus feuchainn rim freagairt:

CEISTEAN?	FREAGAIRT
Càit' a bheil mi airson coinneachadh ri neach-casaid a' chrùin no an neach-lagha?	
Cò a tha mi ag iarraidh a bhith còmhla rium ma choinnicheas mi ri neach-casaid a' chrùin no neach-lagha?	
A bheil mi airson scrion no ceangal telebhisean a chleachdadh?	
A bheil mi ag iarraidh neach-taic?	
Cò a dh'fhaodadh a bhith na neach-taice dhomh?	
Dè na rudan mu bheil mi draghail?	
A bheil mi airson tadhal air a' chùirt?	
Dè a theireas mi ris a' Bhrìtheamh?	

a bheil ceistean sam bith eile agad?

CEISTEAN?	FREAGAIRT

Feuchaidh neach-casaid a' chrùin, FCLF no an neach-lagha ris na ceistean agad uile a fhreagairt.

Tha an siostam eucorach againn an crochadh air fianaisean a thig don chùirt agus a dh'innseas an fhìrinn mu na tha fios aca.

As aonais fianaisean chan urrainn do na cùirtean obrachadh ceart.

Cuimhnich nach eil gach fianais ach mar aon phàirt dhen chùis gu lèir.

An uair a tha thu nad fhianais, chan eil uallach ortsa airson a' cho-dhùnaidh a ghabhas a' chùirt.

Tapadh leat airson a bhith nad fhianais.

beag fhaclair – dè a tha na faclan seo a’ ciallachadh?

Anns a’ chùirt, tha daoine a’ cleachdadh tòrr fhacail nach eil thu ’s dòcha air a chluinntinn roimhe. Seo liosta de chuid aca:

neach a tha fo chasaid: neach a tha fo chasaid an lagh a bhriseadh

leas thagraiche: neach-lagha a’ chrùin a tha a’ nochdadh anns an àrd chùirt – faic neach-casaid a’ chrùin

casaid: rudeigin a tha cuideigin ag ràdh a thachair

casaid: an eucoir a thathar a’ cur as leth an neach a tha fo chasaid

sumanadh: am foirm oifigeil no an litir a tha ag innse do dh’fhianais a dhol gu cùirt shònraichte air ceann-latha sònraichte

clàrca (na cùirte): an neach a tha a’ cumail pàipearan agus clàran na cùirte

a’ dèanamh eucoir: an aon rud ri bhith a’ briseadh an lagh

gearan: aithris a’ cur as leth cuideigin gu bheil iad air an lagh a bhriseadh – faodaidh e cuideachd a bhith na sgrìobhainn cùirte a’ mìneachadh eucoir an neach a tha fo chasaid

cruaidh-cheasnachadh: a bhith air do cheasnachadh leis an neach/luchd-lagha eile as dèidh an neach a tha air iarraidh air an fhianais a thighinn don chùirt – faic (prìomh) cheasnachadh

oifis a’ chrùin: an t-àite a tha os cionn a bhith a’ toirt chùisean gu cùirt – faic luchd-casaid

cùis lagha: cùis lagha fa leth no gnìomh anns a’ chùirt – faic èisteachd

oifigear cùirte (uaireannan theirear macer ris): neach a tha a’ cuideachadh an t-siorraidh – tha iad cuideachd a’ gairm gach fianais a-steach don chùirt

cuairt cùirte: cuairt don chùirt ron èisteachd cùirte gus leigeil le fianais fhaicinn cò ris a tha cùirt coltach agus barrachd ionnsachadh mu mhodhan-obrach cùirte

neach-lagha dìona/comhairle dìon: neach-lagha a tha a’ riochdachadh an neach a tha fo chasaid agus a chuidicheas an neach a tha fo chasaid sa chùirt

fianais: na chanas fianais sa chùirt – faodaidh e cuideachd a bhith a’ ciallachadh dealbhan no aodach a tha air a thoirt don chùirt airson na thachair a shealltainn

(prìomh) cheasnachadh: a bhith air do cheasnachadh leis an neach-lagha a tha air iarraidh air an fhianais a thighinn gu cùirt. Tha an neach-lagha seo a' faighneachd cheistean don fhianais an toiseach, ro ghin sam bith dhen luchd-lagha eile – faic cruaidh-cheasnachadh

comharrachadh: an uair a tha fianais a' comharrachadh a-mach an neach a tha e no i air a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn – uaireannan tachraidh seo mus tòisich a' chùis lagha no faodaidh e tachairt sa chùirt

casaid-sgrìobhte: sgrìobhainn cùirte anns an àrd chùirt no cùirt siorraidh no diùraidh – tha e ag innse an eucoir aig an neach a tha fo chasaid

britheamh: an neach a tha os cionn a' chùis-lagha agus a tha a' cumail smachd air na tha tachairt anns an t-seòmar-cùirte – faic siorraidh

diùraidh: còig deug fear is tè (luchd-diùraidh) a tha ag èisteachd ris an fhianais agus a' co-dhùnadh co dhiubh a tha an neach fo chasaid ciontach no nach eil

bòid: an gealladh creidmheach a tha fianais a' dèanamh gun innis iad an fhìrinn an uair a tha iad a' toirt seachad fianais sa chùirt – faodaidh fianais gealltainn an fhìrinn innse as aonais bòid cuideachd – faodaidh tu faighneachd mu dheidhinn seo

tagradh: am freagairt a tha an neach a tha fo chasaid a' toirt don chùirt aig toiseach cùis-lagha an uair a thèid fhaighneachd dha a bheil no nach eil e ciontach

ro-fhiosrachadh: agallamh ri fianais le neach-casaid a' chrùin no neach/luchd-lagha dìona gus an cuideachadh le bhith a' deasachadh ron chùis lagha

neach-casaid a' chrùin: neach-lagha a tha ag obair as leth a' chrùin – faic oifis a' chrùin. Tha iadsan a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu bhith a' toirt cùis gu cùirt

luchd-casaid: a' togail cùis lagha an aghaidh cuideigin agus a' toirt cùis gu cùirt – faic neach-casaid a' chrùin agus oifis a' chrùin

taisbeanaidhean: rudan a tha air an sealltainn sa chùirt mar fhianais leithid litrichean no aodaichean

binn: co-dhùnadh a' bhritheimh an uair a tha an neach fo chasaid air fhaighinn ciontach a thaobh a bhith a' briseadh an lagh – faodaidh seo a bhith na pheanas a thèid a thoirt don neach a tha fo chasaid

siorraidh: an t-ainm airson britheamh ann an cùirt siorraidh

beag-fhaclair – dè a tha na faclan seo a’ ciallachadh?

neach-obrach sòisealta: neach a tha ag obair còmhla ri clann agus inbhich an uair a tha iad 's dòcha feumach air barrachd cuideachaidh no stiùiridh

ceumannan sònraichte: diofar dhòighean airson cuideachadh a thoirt do leanabh no inbheach so-leònte fianais a thoirt seachad – m.e. ceangal telebhisean no scrion – faic neach-taice

aithris: nota de chlàradh a chaidh a dhèanamh leis a’ phoileas de na tha an fhianais air a ràdh

neach-taice: neach a dh’fhaodas fuireach còmhla ri fianais an uair a thig iad gu cùirt – faic ceumannan sònraichte

cùis-lagha: an gnìomh laghail sa chùirt an uair a tha fianaisean a’ tighinn gus fianais a thoirt seachad

co-dhùnadh: an co-dhùnadh a ruigear aig deireadh cùis-lagha

FCLF: a’ ciallachadh **Fiosrachadh agus Comhairle Luchd-fulaing** – tha luchd-obrach FCLF ag obair còmhla ri neach-casaid a’ chrùin – tha iad a’ tairgsinn fiosrachadh do luchd-fulaing agus cuid de dh’fhianaisean mu dheidhinn a’ chùis cùirte

fianais: cuideigin aig a bheil fiosrachadh mu rudeigin agus a dh’fhaodas innse don chùirt mu dheidhinn

Seirbheis an Fhianais: daoine aig a’ chùirt a tha a’ tairgsinn taic agus comhairle do dh’fhianaisean uile

na notai chean agad

na notai chean agad

Tha tuilleadh lethbhreacan den sgrìobhainn seo rim faotainn, air iarrtas, air teip, riochd clò nas motha agus ann an cànanan coimhearsnachd.
Fòn gu 0131 244 2213.

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2005

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba: www.scotland.gov.uk

Astron B41391 06/05 (Gàidhlig)

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho
Bùth-leabhraichean Blackwell
53 Drochaid a Deas
Dùn Èideann
EH1 1YS

Òrdain Fòn agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain Facs
0131 557 8149

Òrdain Post-D
business.edinburgh@blackwell.co.uk

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn

www.scotland.gov.uk